

NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 5 | 2014 | AN CEITEAN

Facal Toisich

Bha sinn da-rìreabh duilich a chluinntinn gum b'fheudar don Oll. Urr. Aonghas Moireasdan tarraing air ais o bhith 'na Mhoderàtor air an Ard-sheanadh a tha a' fosgladh air a' mhìos seo. Bha sinn gu h-àraidh moiteil gur e cuideigin le Gàidhlig a chaidh a thaghadh am bliadhna. Bha fiùghair againn ris an t-searmon aige a chluinntinn aig seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh, ach gu mì-fhortanach cha bhì sin a' tachairt a-nis. 'S e ar n-ùrnaigh gum faigh e ùrachadh slàinte an dèidh a bhith fo chùram nan lighichean.

Tha mòran uallachaichean an cois obair Moderàtor an Ard-sheanaidh. Anns na seann làithean cha bhiodh am Moderàtor ach 'na fhear-cathrach air na coinneamhan fad seachdain an Ard-sheanaidh agus bhiodh e an uair sin a' tilleadh chun na sgìre aige fhèin. Ach anns an linn againne tha obair bliadhna fa chomhair a' Mhoderàtoir. Bidh e a' cur cùil ri obair a' choitheanail aige fhèin seachdainean ron Chèitean airson a bhith ag ullachadh airson an Ard-sheanaidh. Tron bhliadhna bidh e no i a' riochdachadh Eaglais na h-Alba aig iomadh coinneamh agus cruinneachadh air feadh Alba agus ann an dùthchannan thall thairis.

Bidh mòran, gu h-àraidh luchd nan meadhanan, a' smaoinichadh gu bheil am Moderàtor a' labhairt as leth na h-Eaglais. Tha sin fìor ann an dòigh, ach chan urrainn dha beachdan a chur air adhart ach feadhainn a tha co-ionnan ri co-dhùnaidhean an Ard-sheanaidh.

Nuair a bha sinn ag ullachadh nan Duilleag chaidh innse cò a bha gu bhith 'na Mhoderàtor air an Ard-sheanadh. Tha sinn toilichte gur e cuideigin aig a bheil fìor eòlas air an obair a chaidh a thaghadh. Tha feum aig neach air am bi dleasdanas cho sònraichte air neart Dhè agus air ùrnaighean an t-sluaigh gu lèir.

Leis na beannachdan,

Ruairidh MacLeòid.



Ann am meadhan an deibh chithear eaglais a' Chlachain ann an Uibhist a Tuath. Tha sgìre Chàirinis an-dràsda gun mhinistear agus bha an coitheanal toilichte gu robh an t-Urr. Ruairidh MacFhionghain deònach grunn mhiosan a chur seachad a' cuideachadh le obair na sgìre. Thog an Eaglais Shaor trì eaglaisean a bha coltach ri chèile faisg air an aon àm anns an naodhamh linn deug, ann am Beinn na Fadhla, aig a' Chlachan agus ann am Beàrnaraigh na Hearadh. Ann am Beàrnaraigh tha an eaglais agus am mansa ceangailte ri chèile.

Cùil nan Ceist

Tha blàths na grèine air tilleadh an dèidh làithean fuara dorcha a' gheamhraidh. 'S ann mun ghrèin a tha na ceistean a tha sinn a' togail air a' mhìos seo. Gheibhear freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Cò a thill on chath ro èirigh na grèine? (Breitheamhan, caibideil 8.)
2. Lìon a' bheàrn: "Chan eil feum aig a' bhaile air a' ghrèin no air a' _____." (Taisbeanadh, caibideil 21.)
3. Dè an sìol a chaidh a losgadh nuair a dh'èirich a' ghrian? (Mata, caibideil 13)
4. Cò a dhealraicheas mar a' ghrian? (Mata, caibideil 13.)

Colaisde a' Dùnadh

Bha sinn duilich a chluinntinn gu bheil an *International Christian College* ann an Glaschu a' dùnadh. Bhiodh mòran de luchd-leughaidh nan *Duilleag* na b'èolaiche air a' cholaisde fon t-seann ainm *Bible Training Institute (BTI)*. Fad iomadh bliadhna fhuair na ceudan de dh'oileanaich, à Alba agus à dùthchannan eile, fòghlam Crìosdail anns a' cholaisde.

On bhliadhna 2007 tha àireamh nan oileanach a bha a' frithealadh na colaisde air a bhith a' cromadh. Bha sin a' ciallachadh gum b'fheudar do luchd-riaghaidh na colaisde fiachainn ri dòighean fhaighinn air cosgaisean a ghearradh, ach cha do shoirbhich leis na h-oidhirpean aca. Caillidh na h-òraidichean agus luchd-obrach eile an cosnadh, ach cuiridh na h-oileanaich a tha anns a' cholaisde an-dràsda crìoch air na cùrsaichean aca.

B'ann ri linn nan tursan aig na h-Amaireagaich, D. L. Moody agus Ira D. Sankey, a dh'Alba a chaidh a' cholaisde a stèidheachadh. Bha Moody 'na searmonaiche cumhachdach agus Sankey 'na sheinneadair soisgeulach.

Fhuair cuid mhath de na miseanaraidhean Gàidhlig a bha aig Eaglais na h-Alba fòghlam anns a' BhTI. Tha sinn duilich nach bi a' cholaisde seo ann tuilleadh, ach tha sinn taingeil do Dhia airson na rinneadh de dh'obair ann an ainm Chrìosd bho chionn corr math is ceud bliadhna.

Urnaigh an Tighearna

Beagan mhìosan air ais bha fear de luchd-leughaidh nan *Duilleag*, Iain MacGriogair à Srath Lachlainn, air chuairt ann an Tir a' Bhiobaill. Air Sliabh nan Crann-ola thug e an aire gu robh clàr le Urnaigh an Tighearna sgrìobhte ann an iomadh cànan. 'Nam measg bha Gàidhlig na h-Alba, agus seo an dealbh a thog e agus a chuir e thugainn.



Searmon Beag

Is urrainn mi na h-uile nithean a dhèanamh tre Chrìosd, a neartaicheas mi. (Philipianaich 4:13)

Ann an eadar-theangachadh a bhuineas don latha an-diugh seo mar a tha na faclan seo sgrìobhte: *Thèid agam air giùlan leis gach nì a choinnicheas rium anns an neart a tha Crìosd a' toirt dhomh.*

Anns na làithean a dh'fhalbh bha searmonaiche air a' Ghàidhealtachd a' leughadh na caibideil seo far a bheil ar ceann-teagaisg. Ràinig e an rann seo agus thubhairt e, *Is urrainn mi na h-uile nithean a dhèanamh. Stad e agus thubhairt e, Nach tu a tha ladarna, a Phòil. Nach tu a tha mòr asad fhèin, a' smaoinichadh gun tèid agad air a h-uile rud a dhèanamh.*

Leugh e an uair sin na faclan a tha a' tighinn as an dèidh – *tre Chrìosd, a neartaicheas mi. Ah, a Phòil, ars esan, sin a tha gad fhàgail cho cinnteach. Sin a tha a' toirt dhut do neirt agus do mhisneachd. Chan ann bhual fhèin a tha seo a' tighinn ach o Chrìosd.*

Tha sinne beò ann an latha anns a bheil mac an duine air mìorbhailean mòra a dhèanamh. Tha e air buaidh fhaighinn air mòran de na tinneasan agus na galaran a bha a' claidh dhaoine anns na linntean a chaidh seachad. Thèid aig an duine air teachdaireachd a chur a-mach air feadh an t-saoghail ann am priobadh na sùla. Tha daoine air seasamh air a' ghealaich agus air innealan a chur a-mach am measg nan speur.

Tha an cunnart ann gum bi an duine a' smaoinichadh nach eil dad nach urrainn dha a dhèanamh, gum bi e a' cleachdadh nam faclan, *Is urrainn mi na h-uile nithean a dhèanamh.*

Leabhraichean

'S e seann leabhar a thug mi bharr nan sgeilpichean an turas seo airson beagan sgrùdaidh a dhèanamh air. Nuair a thòisich an obair air an leabhar 's e an t-Oll. Urr. Calum MacGhillinnein a bha 'na fhear-deasachaidh. Chaochail esan mun tàinig crìoch air an leabhar agus 's e Leòdhasach eile, an t-Urr. Calum MacLeòid, a chrìochnaich an obair.

Tha an leabhar ann an trì earrainean. Anns a' cheud phìos tha laoidhean Gàidhlig le bàird leithid Phàdraig Ghrannnd, Gobha na Hearadh agus Dùghall Bhochannain. Tha na seann fhuinn air an toirt seachad agus chuireadh fuinn ùra ri cuid de na laoidhean. Tha faisg air ceithir fichead dàn anns an earrainn seo.

Anns an darna earrann tha laoidhean Beurla air an eadar-

An Laoidheadair

(air a chur a-mach ann an 1935 le ùghdarras Eaglais na h-Alba.)

theangachadh gu Gàidhlig. 'S e an leabhar a bha aig an Urr. Iain MacLeòid (An t-Oban) a tha 'nam làimh an-dràsda.

Tha sgrìobhadh air cuid de na laoidhean a tha ag innse gun deachaidh an seinn aig seirbheisean Gàidhlig a chùim Iain anns an Oban. Mar eisimpleir sheinn iad eadar-theangachadh air an laoidh ainmeil, *Rock of Ages*, anns a' mhàrt 1981.

Anns an treas pàirt den *Laoidheadair* tha laoidhean air an clò-bhualadh gun ann ach na faclan a chionn gu bheil iad gu bhith air an seinn leis na fuinn a bha air an cleachdadh anns an Laoidheadair Bheurla a bha aig Eaglais na h-Alba aig an àm.

Tha sia fichead laoidh air fad anns an leabhar fheumail seo. Chithear fhathast e o àm gu àm ann am bùithean a bhios a' reic seann leabhraichean.

Ach thoir sùil nas mionaidiche air an t-saoghal anns a bheil sinn beò.

A dh'aindeoin gach adhartais a rinn na rìoghachdan anns an linn seo tha trioblaidean agus àmhghairean fhathast còmhla rinn. Tha bochdainn fhathast ann an iomadh ceàrn den t-saoghal, ged a tha pailteas ann an gu leòr de dh'àiteachan eile. Tha an naimhdeas agus am mì-rùn a tha ann an cridhe an duine fhathast ag adhbhrachadh roinnean am measg nan rìoghachdan, agus gach fulangas agus bristeadh-cridhe a thig an cois sin.

Chan eil an duine fèin-fhoghainteach. Chan urrainn dha a' chùis a dhèanamh leis fhèin.

Bha Pòl 'na phrìosanach nuair a sgrìobh e na faclan seo. Ach chan ann air laigse ach air neart a tha e a' bruidheann. Cò às an d'fhuair e an neart seo a bha aige? Dè a dh'fhàg e cho aoibhneach, cho misneachail, agus cùisean a' dol 'na aghaidh, ann an sùilean an t-saoghail co-dhiubh?

An toiseach, bha *lathaireachd Chrìosd* a' toirt misneachd don abstol. Dh'fhairich e nach robh e 'na aonar anns a' phrìosan.

A-rithist, bha *geallaidhean Chrìosd* a' togail cridhe agus inntinn Phòil. Saoil cia meud gealladh a tha sgrìobhte eadar dà chlàr a' Bhìobaill? Tha na ceudan dhiubh ann. Chuir am ministear iongantach sin, MacAidh Thiriodh, leabhran a-mach air an tug e an t-ainm, *Leabhar Oir nan Geallanna*.

Cuideachd, bha *buaidh Chrìosd* a' misneachadh an Absoil. Cha robh fios aig Pòl dè a bha roimhe, an e beatha no bàs. Ach bha aiseirigh Chrìosd aige mar stèidh a chreidimh agus a dhòchais. Thug losa buaidh air peacadh, bàs is uaigh, agus bhiodh compàirt aige-san tre chreideamh anns a' bhuidheann sin. Sgrìobh e ann an àite eile: *Buidheachas do Dhia, a tha a' toirt dhuinne na buadha, tre ar Tighearna losa Crìosd*.

Laoidh on *Laoidheadair*

Thug sinn iomradh air *An Laoidheadair* a thàinig a-mach ann an 1935. Am measg nan laoidhean tha eadar-theangachadh leis an Urr. Raibeart Blàrach air an laoidh Bheurla, *I heard the voice of Jesus say*.

*Guth losa chuala mi ag ràdh:
Thig thugam is gabh fois;
Leig sìos air m'uchd do cheann 's tu sgith,
Leig sìos e 's bi aig clos.
Chum losa thàinig mi mar bhà,
Sgith, sàraicht' agus trom,
Is fhuair mi annsan ionad tàimh,
'S air m'aigne chuir E fonn.*

*Guth losa chuala mi ag ràdh;
Feuch bheir mi seach'd gu saor
De dh'uisge fìor, crom sìos is òl,
A fuaran beò nach traoigh
Chum losa thàinig mi is dh'òl,
Den t-sruthan bheò nach gann;
Bha m'ìota caisgt', fhuair m'anam neart,
'S mo bheatha nis tha ann.*

*Guth losa chuala mi ag ràdh:
Is mise soills' an t-saogh'l;
Seall rium, 's a' mhadainn dealraidh ort,
'S do là bidh geal a chaoidh.
Chum losa sheall mi agus fhuair,
Annsan mo reul 's mo ghrian;
San t-solas ghlan seo gluaisidh mi,
Gu deireadh làith mo thriall.*

Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "O aodhair Israeil, èisd Thusa a stiùireas Iòseph mar threud."

Tha na faclan sin sgrìobhte anns a' cheithir ficheadamh salm, aig a' cheud rann.. (Salm 80:1) Tha sinn eòlach air a bhith a' smaoinichadh air Dia mar aodhair no mar bhuachaille. Tha Dia mar bhuachaille do gach neach a chuireas a dhòchas ann. Tha am buachaille a' treòrachadh nan caorach. Tha am buachaille a' beathachadh nan caorach. Tha am buachaille a' dìon nan caorach. Sin mar a tha Dia.

An-dè bha latha taitneach againn. Sin an latha a bu bhlaithhe air a' bhliadhna seo. Bha

a h-uile duine a' coimhead cho sunndach. Nuair a tha latha grianach ann tha a h-uile àite a' coimhead cho brèagha. Chunnaic mi dà uan a' cluich gu h-aighearach anns a' phàirc air taobh thall an rathaid. Ged a tha an-diugh nas fhuair agus nas duirche, tha sinn a' coimhead ri aimsir nas blàithe nuair a thig an Cèitean. Glè thrìc 's e an Cèitean mìos cho math agus a tha againn air a' Ghàidhealtachd. Chì sinn an tachair sin am bliadhna.

Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Far nach bi am beag, cha bhì am mòr." (Where no little is no big will be.)

Tha seanfhacal eile againn anns a' Ghàidhlig coltach ris an ràdh sin. Tha e fìor ann am beatha na h-Eaglais. Mura bi òigridh anns an Eaglais dè a thachras don ath ghinealach? Tha coitheanalan ann far a bheil daoine òga a' tighinn gu seirbheisean. Anns an latha an-diugh chan eil e furasda an òigridh a tharraing. Ach feumaidh sinn a h-uile oidhirp a dhèanamh airson dearbhadh gu bheil an Soisgeul airson a h-uile aois, òg no sean.

Tha "am seinn nan eun" air tighinn. Tha na faclan sin ann an Dàn Sholaimh. Chuala sinn eòin a' seinn fad

a' gheamhraidh ach bha mòran dhiubh air a dhol air sgèith gu dùthchannan tethe. Bha sinn toilichte gu robh eòin ann nach do thrèig sinn fad a' gheamhraidh. A-nis chan eil an saoghal mun cuairt oirnn cho sàmhach. Tha obair nàdair gar teagasg. Thubhairt losa gun teagaisg na h-eòin iomadh leasan luachmhor dhuinn. An Dia a tha a' gabhail cùraim de na h-eòin, ars losa, gabhaidh E cùram dhinne.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

Thall 's a-Bhos

SEIRBHEIS AN ARD-SHEANAIDH

Bidh seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh mar as àbhaist ann an Eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Eideann. Bidh an t-seirbheis a' tòiseachadh aig leth-uair an dèidh meadhan-latha air Didòmhnaich, an t-ochdamh latha deug den Chèitean. Tha sinn an dòchas gum bi cruinneachadh math de luchd-adhraidh aig an t-seirbheis, buill den Ard-sheanadh agus càirdean à Dùn Eideann agus à àiteachan eile.

RANN

*Na flaitheanas as àirde dhiubh,
Leis rinneadh iad air thòs,
Dachaigh naomh is aingle,
'S am bheil aoibhneas agus ceòl;
Is rinneadh solas àillidh leis,
Mar chàirdeas do gach feòil;
Mar dh'ordaicheadh leis seasaidh e,
'S b'e 'm feasgar an ceud nòin.*

Tha an rann gu h-àrd anns an laoidh, *An Teàrnadh Miorbhaileach*, aig bàrd à Cataibh, Iain MacAoidh. Aig toiseach an dàin tha e a' dèanamh iomraidh air gach latha de làithean a' chruthachaidh mar a tha sin sgrìobhte ann an leabhar Ghenesis. An seo tha e ag innse mun obair a rinn an Cruthaidhear air a' cheud latha. Tha suas ri trì cheud bliadhna bho chuir Iain MacAoidh na faclan seo ri chèile.



Chaidh ainmeachadh gur e an t-Urr. Iain Chalmers a bhios 'na Mhoderàtor air Ard-sheanadh na bliadhna seo an dèidh don Oll. Urr. Aonghas Moireasdan an dreuchd a leigeil seachad le dith na slàinte.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh às a' Bhìoball co-cheangailte ris a' ghrèin. 1. Gideon. 2. —ghealaich. 3. An sìol a thuit air fearann creagach. 4. Na fireanan.

ADHBHAR GAIRE

Bha Teàrlach Spurgeon air searmonaiche cho iomraiteach agus a bha beò ann an Sasainn anns an naodhamh linn deug. Tha e coltach gu robh ministearan òga ann a bha a' fiachainn ris an dòigh searmonachaidh aige a leantainn. Chaidh innse dha gu robh "Spurgeonan beaga" an siud agus an seo air feadh na dùthcha. Bha am ministear foghainteach seo glè eirmseach. Thubhairt esan, "Tha mi an dòchas nach eil Spurgeonan beaga ann ach a' chlànn agam fhèin."

Urnaigh

A Dhè ghràs-mhoir,
ann an ainm Chrìosd,
Rìgh agus Ceann na h-Eaglais,
tha sinn ag ùrnaigh
airson coinneamhan an Ard-sheanaidh
air a' mhìos seo.
Deònaich gum bi do Spiorad
a' treòrachadh nam ball
anns gach còmhradh a bhios aca
agus anns gach co-dhùnadh
chun an tig iad.
Gum bi seachdain an Ard-sheanaidh
'na àm ùrachaidh,
'na àm misneachaidh
agus 'na àm beannachaidh
a-chum glòir d'ainme.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Seo mar a bha am baile
anns a bheil am Fear-deasachaidh
a' fuireach corr is ceud bliadhna air ais.
'S e cairt-puist a tha seo
a chaidh a phostadh ann an 1906.
Tha an neach a sgrìobh a' chairt
ag ràdh gu robh an t-uisge ann
nuair a bha iad a' sgrìobhadh!
Tha an abhainn, an Leacann,
a' ruith an-diugh mar
a bha i aig an àm sin.